


# Aithris

NAIDHEACHDAN BHO BHUILL, MHEURAN AGUS ROINNEAN  
AIREAMH 8 SAMHRADH 1993

DJ.M. 2979(13)



An  
Comunn  
Gaidhealach



## Fios bhon Cheann-suidhe

Mar as fhaise a thig sinn air ar Coinneamh Bhliadhnail, tha sinn a' meòmhrachadh air ar n-oidhirpean air a' bhuidheann a leasachadh agus air adhbhar a' bhuidhinn a cheangal ri feuman agus ri dòchasan nam ball. Ghabh sinn os làimh sgrùdadh mòr air na structaran agus air na dòighean-obrach a tha againn ach an sònraicheadh sinn càite a bheil duilgheadasan, gu h-àraidh a-thaobh a bhith a' cumail fiosrachaidh ri chèile. Ghabhadh ri tomhais de mholaidhean; cuirear feadhainn eile, a tha nas cudthromaiche, ri na buill airson deasbaid agus bheachdan. Bidh am moladh a tha a' cur às do Chomataidhean nan Roinnean a' ciallachadh gum feumar dreach de bhonn-stèidh ùr. Cuairtichear seo gu na Meuran ro Choinneamh Bhliadhnail 1994. Seach gum buin ar buidheann don bhallrachd, feumar am beachdan a chluinntinn le bhith a' toirt nam Meuran nas fhaise air dèanamh cho-dhùnidhean.

Am bliadhna rinn na buill oidhirpean mòra gu saor-thoileach, gu sònraichte san Oban far an robh am Mòd Nàiseanta Rìoghail cho soirbheachail. Tha an Ard Chomhairle agus an luchd-obrach cuideachd air a bhith trang le nithean nàiseanta, a leithid thagraidhean mu chairt-cbire a' BhBC agus Aithisg Foghlaim Howie.

Tha ar Sgrìobhadair trang a' coimhead ri leasachaidhean air dràma coimhearsnachd an dèidh cuairt-fiosrachaidh nàiseanta. Foillsichear na molaidhean aig a' Chomataidh Leasachaidh a tha a' sealltainn ri cruth a' Mhòid Rìoghail Nàiseanta nas fhaide sa' bhliadhna.

Tha feum aig a' chànan air gach taic a gheibh e agus tha leasachaidhean telebhisein a' dèanamh co-rèiteachaidh a-thaobh fìor chànan. Tha iomadh gnè ball sa' Chomunn agus tha àite cudthromach aige ann an leasachadh cànan, a dh'aindeoin nam beachdan neònach a tha aig cuid de bhuidhnean mu dheidhinn. Tha co-obrachadh a' cur feum air còmhraidhean cothromach anns am bi inbhe aig a' chànan thairis air inbhe bhuidhnean. Le co-obrachadh, feumaidh am buidheann a dhol an sàs ann an gnothaichean laghail foghlaim a dh'fhaodadh maille a chur air leasachadh.

A' coimhead air thoiseach tha mi a' creidsinn gur iomadh dùbhshlan a bhios ann san dara linn den Chomunn, ach tha mi a' creidsinn cuideachd gum mair e le neo-eisimeileachd shònraichte a-chum na coimhearsnachd a tha e a' frithealadh a riochdachadh gu cunbhalach.

Tapadh leibh airson ur taice. Chì mi an Ard Ruigh sibh.

*Còisir an Obain aig a' Mhòd Rìoghail.*



*Mairi Sine Chaimbeul agus Seumas  
Caimbeul a choisinn Buinn Or an t-Seann  
Nos aig Mod Nàiseanta Rìoghail an Obain.*



*Clann a' seinn do Bh.B.C  
Mhanchester.*

# Pubaidean air SREING



Na Pubaidean.

THA PUBAIDEAN Gàidhlig a' Chomuinn, stèidhichte ann an Leòdhas, fhathast a' dol gu làidir an dèidh toileachas mòr a thoirt do chlann sgoile airson còrr air deich bliadhna.

Tha iad ag obair le airgead bho Roinn nan Eilean Siar le taic airgid bho Chomhairle nan Eilean, agus tha iad dìreach air crìoch a chur air cuairt Càisge air feadh sgoiltean Leòdhais an dèidh follaiseadh gle shoirbheachail aig an Nollaig a chaidh.

Le sgrìobhaidhean ùra, bha luchd nam pubaid, Carina NicLeòid agus Artair Donald, ag obair thar cheithir làithean, a' tadhal air seachd sgoiltean. Cha b' e a-mhàin gun chòrd am follaiseadh ris a' chloinn, ach chòrd na tiodhlacan riutha cuideachd, suiteis a fhuair iad rè an fhollaisidh. Thatar an dùil follaisidhean eile a chur air nas anmoich sa' bhliadhna.

Tha e neònach nach deach beachd nam pubaidean a thogail ann an àitean eile, agus iad a' toirt na Gàidhlig chun na cloinne ann an riochd cur-seachad. Tha na pubaidean fhèin furasda gu leòr an dèanamh. Tha sgrìobhaidhean ri làimh, agus tha e furasda do dhithis no trìuir dealbhcholtas so-ghiùlan a chur ri chèile. An uair sin chan eil agad ach suidhe air ais agus tlachd a ghabhail anns a' ghàire a chì thu air gnùisean na cloinne. Dè mu dheidhinn?

## AM BBC agus AN COMUNN

Ann an 1923, bho stiudio a' BhBC an Obar Dheadhain, chuala luchd-èisdeachd na Gàidhlig airson a' chiad uair briathran agus ceòl an cànan fhèin a' tighinn tron adhar. Bhon uair sin tha am BBC air a bhith a' toirt làthaireachd chudthromach don Ghàidhlig nan goireasan craobh-sgaoilidh, chan ann a-mhàin air reidio ach air telebhisean. Is dòcha gum bidh cuimhne aig an luchd-leughaidh gur ann aig Mòd nan Eilean ann an 1979 a thòisich Rèidio nan Eilean ann an Steòrnabhagh a-chum craobh-sgaoileadh bhon Mhòd.

Ann an 1996 bidh Cart-chòirichean a' BhBC ga sgrùdadh fa chomhair ath-nuadhachaidh. Chuir An Comunn, mothachail air na rinn am BBC don Ghaidhlig rè nam bliadhnaichean, asteach tagradh a-chum 's gun gleidhear am BBC mar mheadhan air prògraman matha a dheasachadh, agus a' gleidheadh cise mar a tha ann an-dràsda mar ion-mhas don BhBC.

Cuideachd, mhol An Comunn gu leudaicheadh am BBC an goireasan carobh-sgaoilidh ann an Alba gus an tugadh iad a-steach uile choimhearsnachdan san dùthaich far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn. Tha seo a' ciallachadh Seirbheis Reidio Ghàidhlig Nàiseanta agus a' moladh gur iad am BBC a bu chòir a bhith nam prìomh bhuidheann airson phrògraman matha Gàidhlig air telebhisean.

Tha mòran de mholaidhean a' Chomuinn an co-chòrdadh ri molaidhean a rinneadh aig co-labairt ann an Obar Dheadhain bho chionn ghoirid aig an robh aonta san fharsaingeachd gum biodh craobh-sgaoileadh air prògraman Gàidhlig, an dà chuid air reidio agus air telebhisean, na b' fheàrr a' tighinn bho bhuidheann saor bho theannachadh malairteach, buidheann aig am biodh aithne air gne shònraichte chultaran na h-Alba agus air na cànanan a tha a slugh a' labhairt.

Mar sin, mhol An Comunn gun leanadh am BBC mar buidheann-taice cultarach, a' brosnachadh tro eisimpleir, agus a' cleachdadh thàlant an fhollaiseach agus fhalaichte coimhearsnachd ealain na h-Alba, na comasan dearbhte a tha aig buidhnean cultarach agus cananach ann an Alba, agus air bho co-obrachaidh agus co-mheas.

## CUIMHNEACHAIN ri Iaimh!

**T**ha àireamh bheag de Phrògraman Mòd Nàiseanta Rìoghail an Obain 1992 fhathast rim faotainn. Tha sgrìobhaidhean agus deilbh annta an ceangal ri Mòd Ard-Fhèill an Obain 1953, agus mar sin tha iad a' tairgse cunntas air leth air eachdraidh a' Chomuinn.

Chaidh am Prògram a dheasachadh mar shubhachas air ceud bli-

adhna bho chaidh am Mod a stèidheachadh san Obain ann an 1892. Air sgàth meud na h-obrach a bha an lùib ullachadh a' Phrògram bha mòran de na Prògraman a dhith gu mu sheachdain ro Mhòd 1992. Mar thoradh air sin bha àireamh dhaoine ann nach d' fhuair cothrom air Prògram cuimhneachain fhaighinn. A-nise tha cothrom ann air cunntas fhaighinn, chan ann a-mhàin air Mòd an

Obain, ach air deagh eachdraidh dhealbhadh de na Mòdan Nàiseanta uile bho na seann làithean. Gheibhear lethbhreacan le iarrtas a chur gu Oifis Steòrnabhagh (91 Sràid Chrombail, Steòrnabhagh) aig lùghdachadh prìse £1.50 a tha a' gabhail a-steach postachd is eile. Iadsan a bhios air thoiseach 's iad a gheibh am Prògram! Sgrìobhaibh a dh'iarraidh fir sa' mhionaid. Far am bi dàil bidh dearmad!



# GAN GLACADH OG



Niall MacEachairn, Ionmhasair, a toirt seachad tiodhlaic do Anndra Camshron am ball is oige aig a' Chomunn.

**S**a' Mhàrt a chaidh chaidh am ball as òige a chlàradh. Agus cha robh e ach dà mhìos a dh'aois! Fhuair Anndra beag Camshron Ballrachd Beatha, tiodhlaic bho Chòisir Ghàidhlig Mheilbhich ann an Cataibh agus bho an Stiuiriche Myrtle NicIll'losa.

'S iad pàrantan Anndra, Greum agus Anna Chamshron, Ceann-suidhe agus Rùnaire na Còisire. Tha iad an dòchas gum fàs Anndra tro thìde gu bhith fileanta ann an Gàidhlig agus gum bi e fhathast na bhall den Chòisir.

Thuir Myrtle: "Bha coltas tiodhlaic fhreagarrach air seo don chiad leanabh aig ar Ceannsuidhe agus aig ar Rùnaire, am ball as òige sa' chòisir. Tha mi an dòchas gun dèan feadhainn eile an nì ceudna agus gum broснаich e feadhainn eile buill beatha a dhèanamh de chloinn. Tha mi an dòchas cuideachd gun toir e mothachadh do chloinn air brìgh ballrachd. Leanaidh e iad gu air bith càite san t-saoghal an tèid iad."

## COMUNN NA GAIDHLIG AN LUNNAINN

Ged tha an Aithris san fhar-saingeachd a' dèiligeadh ri naidheachdan bho bhuill agus bho Mheuran a' Chomuinn, 's e deagh rud a tha ann a dhol "a-mach" às a' chearcall a dh'fhaicinn ciod a tha buidhnean eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a' dèanamh. Chaidh Comunn Gàidhlig Lunnainn a stèidheachadh ann an 1777, agus chan e a-mhàin gu bheil e a' cur taice ris a' Ghàidhlig ach cuideachd ri nithean eile co-cheangailte ris a' Ghàidhealtachd agus ri na h-Eileanan. Thatar a' cur fàilte air gach Gàidheal nuair tha iad ann an Lunnainn. Sa' Ghiblein chum an Comunn Oidhche Ceannaird aig an robh riochdairean bho Chomann na Còim an Lunnainn, agus bha cur-seachad ann le bàrdachd agus le òrain sa' chànan Cheilteis aca.

Am bliadhna bidh an "Là Fosgailte" ga chumail ann an Ionad Cho-labhairt Chlerkenwell air 5 Og-mhìos aig 1.45f. Bidh Cairistiona Primrose a' seinn, le taic bho Chòisir Ghàidhlig Lunnainn. Bidh cèilidh ann feasgar an dèidh a' bhìdh. Gheibhear fiosrachadh bho Mhgr C. Castle (14 Slighe Phoulton, Sutton, Surrey). Tha uair na Cheann-suidhe agus na ball ùine mhòr, a-nise air a dreuchd a leigeil dhith, agus thug an Comunn dhi telebhisean le dath agus fòn a ghabhas giùlan. Chaill sinn Meg Chaimbeul, bantrach J. C. M. Caimbeul nach maireann, a bha uair na Cheann-suidhe agus na Cheannard air a' Chomunn. B' esan aon den fheadhainn a b' fheàrr a ghabhadh òran mòr. Tha cuimhne air Meg agus air Seumas le mòr mheas.

## DEALBH-CHLUICHEAN GAIDHLIG

Thatar a' clàradh ann an leabhran falsg air 300 sgrìobhadh de dhealb-chluichean. Seo aon de na proiseactan anns a bheil An Comunn agus Roinn nan Eilean Siar an sàs. 'S e adhbhar an ainm-chlàir gum bi cunntas ann air an ìre mhath gach dealbh-chluiche a chaidh a riaghailteachadh ann an Gàidhlig, no a chaidh eadar-theangachadh bho Bheurla gu Gàidhlig.

'S e àireamh chudthromach a tha ann an 300 sgrìobhadh, airson àrd-ùrlair agus rèidio, agus tha iad ann bho 1921 nuair chaidh duais £100 (smaoinich air luach sin ann an airgead an là 'n-diugh!) a thairgse don sgrìobhadh dealbh-chluiche a b' fheàrr aig Mòd Nàiseanta an Obain anns a' bhliadhna sin. B' e Gilleasbaig MacCullach à Goraig a bhuannaich an duais le *Mairead* a chaidh a chur air àrd-ùrlar san t-Sultain. De na naol a chuireadh a-steach, bha na breitheamhan a' meas gun robh còig dhiubh "sònraichte math".

Thatar fhathast a' sgrìobhadh dhealb-chluichean ùra Gàidhlig do bhuidhnean dràma neo-dhreuchdail, fo ùghdarras Chomunn na Dràma. Le beachdan a' dol an ceartair mu Thaigh-Chluiche Gàidhlig Nàiseanta a stèidheachadh, cha bhí duilgheadas aig a' leithid de Thaigh-Chluiche sgrìobhadairean a thàladh a-chum dhealb-chluichean thrì-earrann a chur air na clàr.

Tha Proiseact an Ainm-chlàir mu letheach slighe agus thatar an dòchas nach fhada gus am bi e ullamh. Is còir do bhuill a' Chomuinn leis am bu mhiann dealbh-chluichean a leughadh agus gearr-chunntas a dhèanamh air cuspair agus gnìomhachas nan dealbh-chluiche, sgrìobhadh gu An Comunn, 91 Sràid Chrombail, Steòrnabhagh.

# Cursa- BOGAIDH Gaidhlig

Dh'fhaodadh gum bi cuimhne aig an fheadhainn a bha aig Mod Nàiseanta Inbhir Pheofharain ann an 1991 air iarrtas lasanta le Fionnlagh MacLeòid,

Stiùiriche Comhairle nan Sgoiltean Araich, airson sgoil-ionnsachaidh Ghàidhlig de sheòrsa ùr a stèidheachadh. Bha e a' cumail a-mach gun robh feum air dòigh air choreigin a dheilbh gu h-aithghearr a-chum dèanamh suas airson nan 3,000 no mar sin de luchd-labhairt na Gàidhlig a bhatar a' call gach bliadhna, gus dèanamh cinnteach gun robhar a' cumail suas àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, no eadhan ga leudachadh.

Chaidh an cuspair a thogail bho chionn ghoirid le Roinn nan Eilean Siar den Chomunn. Dh'iarr an Roinn air Ruairidh MacIll'Eathain, a bhuineas don Eilean Sgitheanach, agus a tha anise ag obair do Thaigh-Tasgaidh nan Eilean ann an Steòrnabhagh, pàipear-bruidhne ullachadh.

Tha an aithisg a' sealltainn ri na dòighean anns a bheil cànanan gan teagasg le oileanaich a bhogadh ann am meadhan cànan, far nach eil canan ga chleachdadh ach an cànan a thatar ag ionnsachadh. 'S e fìor dhòigh mhionaideach a tha ann agus chaidh dearbhadh ann an iomadh ceàrnaidh den t-saoghal gu bheil e soirbheachail. Thàinig eisimpleirean Ruairidh bho Israel, bho dhùthaich nam Bascach, bho Eirinn agus bho Cholombia.

Tha oileanach air a ghluasad gu cùrsa ionnsachadh-bogaidh a ghabhail os làimh ann an trì dòighean:

- **Gluasad colleanta:** ag ionnsachadh a' chanain a-chum compàirteachadh ann an coimhearsnachd shònraichte.
- **Gluasad mar mheadhan:** ag ionnsachadh fa chomhair adhbhar feumachail, a leithid obair fhaighinn.
- **Gluasad bhuidheann shòisealta:** a-chum a bhith an co-bhonn ri buidheann sòisealta sònraichte.

A-thaobh nam feadhnach a tha ag ionnsachadh Eabhra, 's fheudar don fheum a tha aca da-chànanas a chruthachadh. Feumaidh inn-imrichean Israeleach Eabhra ionnsachadh ma tha iad gu bhith nam pàirt den choimhearsnachd lùdhaich. Ann an Alba 's e "dà-chànanas tro mhiann" a tha ann an ionnsachadh na Gàidhlig mar dhara cànan.

Thatar an dòchas gum bi an aithisg a rinn Roinn nan Eilean Siar na meadhan air cuid de na freagairtean a shònrachadh an ceangal ri goireasan ionnsachadh-bogaidh fhaotainn. Mar tha, tha Colaisde Caisteal Leòdhais ann an Steòrnabhagh air an aithisg a fhreagair, agus tha i anise a' sealltainn ri dòighean anns an gabhadh cùrsaichean-bogaidh a thairgse dhaibhsan a dh'fheumas a' Ghàidhlig ionnsachadh gu cunbhalach ann an ùine ghoirid agus brath a ghabhail air na dreuchdan Gàidhlig a tha mun cuairt an-diugh. Mu dheireadh thall tha brìgh agus cudthrom ionmhais an luib na Gàidhlig.

# COIRICHEAN DO NA h-EALAIN

Bho chionn ghoirid dh'fhoillsich Comhairle nan Ealain an Alba 'Còirichean do na h-Ealain an Alba'. Nochd an aithisg an dèidh mòran mhìosan de chòmhradh ri buidhnean ealain ann an Alba, agus tha i a' gabhail a-steach dannsa, ciùil, dràma, nan ealain faicsinneach agus litreachais. B' e adhbhar na h-aithisge feuman muinntir Alba a shònrachadh ann an saoghal thàlant an ealain anns gach gnè.

Tha deagh àite aig a' Ghàidhlig san aithisg, air sgàth a h-inbhe fhad-ùineach ann an ealain na h-Alba, a-thaobh 's gur i a' Ghàidhlig aon de na cànanan dùthchail a thatar fhathast a' bruidhinn ann am Breatainn. Ann an dòigh sheaghach, mar eisimpleir, tha a' Ghàidhlig air a shònrachadh leis gu bheil An Comann Leabhraichean a' faighinn £95,000 gach bliadhna a-chum taic a chur ri sgrìobhadh Gàidhlig fhoillseachadh, rud a bhiodh doirbh do fhoillsichearan a sheasamh leotha fhèin.

Tha an aithisg mothachail air an fhem airson Taigh-Cluiche Naiseanta Gàidhlig a bheireadh air adhart gnè sgrìobhaidh a bhatar a' fàigail ro fhada aig dealbh-chluichean aon earrann agus aig buidhnean dràma neo-dhreuchdail; dearbhadh dealbh-chluichean trì earrannan gu seas Gàidhlig ri iarrtasan lan-riochdachaidh air àrd-ular.

Tha cuideachd gealladh ann bho bhuidhnean ionmhais an Alba a-thaobh na Gàidhlig agus a-thaobh a leasachadh agus a h-aonachadh anns na raointean sin de obair ealain ris nach robh ceangal aig a' chànan gu bho chionn ghoirid.


Bidh buaidh shònraichte aig a' mhothachadh seo air mar a leasaicheas a' Ghàidhlig san àm ri teachd. Nuair smaoinicheas neach air cho coma co-dhiù 's a bha buidhnean ionmhais eadhan bho chionn ghoirid a-thaobh a' chanain, faodar a radh gu dearbha gu bheil mu dheireadh thall a' toirt cothrom don Ghàidhlig tighinn a-steach às an fhuachd agus a bhith a-staigh air gnothaichean ealain ann an Alba.

Tha seo a' shònrachadh moran chothroman do Mheuran agus do Ronnean a' Chomuinn an tàlant a chleachdadh agus cur-seachadan a bharrachd air cèilidhean a thairgse do an luchd-tagaidh. Carson nach toirear cuireadh do bhuidhean dràma neo-dhreuchdail Gàidhlig dealbhchluiche a chur air taobh a-staigh cumadh cèilidh? Thugaibh cuireadh do sgrìobhadairean Gàidhlig an obair a leughadh. Feasgar ciùil aig am bruidhinn seinneadairean agus aig am foillsich iad nithean co-cheangailte ri ceòl Gàidhlig. Gheibhear taic dhaibh sin, agus do thuilleadh, m.e. bho Phroiseact Nàiseanta nan Ealain. Agus bidh iad uile mar chuibhreann de àrdachadh èifeachdach na Gàidhlig air feadh Alba. Tha e an urra riubhse!

## AN COMUNN GÀIDHEALACH CISEAN BALLRACHD

Bho 1 Giblein 1992

Ballrachd Bliadhna	£6.00
Ballrachd Beatha	£40.00
Còisirean	£30.00
Seann Daoine	£3.00
Comainn Dhàimheil	£12.00
Buill Oga	£1.00



Am Prifeseair Ruairidh MacThomais a' fhuair Duais Sgrìobhaiche a' Chomuinn aig Mod Naiseanta Rìoghail an Obain 1992.

# Bruidhinn ar canan

CHAN FHEUMAR a chur an cuimhne mhòrain mun fhollaiseadh a tha a' Ghàidhlig air a bhith a' faighinn air an telebhisean bhon Fhaoilleach, agus 's e aon de na prògraman sin *Speaking our Language*. Tha e seo air a bhith air leth soirbheachail, chun na h-ìre 's gu bheil an companaidh "Cànan" san Eilean Sgitheanach air am mùchadh le iarrtasan airson stuthan ionnsachaidh agus tha iad a' fasdadh tuilleadh luchd-obrach airson an t-iarrtas a shàsachadh.

'S e tha cudthromach gu bheil èifeachdas an t-sreath phrògraman gu bhith air a dhaingneachadh le tuilleadh phrògraman agus stuthan. Chan ann mar prògraman *Can Seo*, air an robh iarraidh mhòr cuideachd, a dh'fhàg luchd-ionnsachaidh letheach-slighe, tha "Cànan" airson a bhith cinnteach gum brosnachear dìoghras nan oileanach a tha a' leantainn a' phrògram chun na h-ìre 's gum tig iad gu bith nan "leth-labhraichean" comasach, no is dòcha fileanta.

Mur a dèanar dimeas air air a' bhuidheann seo de luchd-ionnsachaidh, feumaidh fileantaich ann an Gàidhlig an cuideachadh, bruidhinn riutha, gnàthasan-cainnte agus modhan còmhraidh a thoirt dhaibh ach an tuigear iad, agus, san fhar-saingeachd, fàilte a chur orra gu saoghal na Gàidhlig. Ma shoirbhicheas leis an luchd-ionnsachaidh, bidh e a' ciallachadh gun casgar lùghdachadh nan àireamh de fhileantaich bho chunntas-sluaigh 1981, agus gu dearbha gur ann a dh'fhàsas e ro 2001. 'S e àrdachadh mar sin a-mhàin a dhearbhas do ar maighistirean poiliticeach gur fhiach a' Ghàidhlig taic a chur ri the le airgead as fhiach. Siuthadaibh, sibhse a tha fileanta!

## FASGNAG II

Chaidh an Co-labhairt seo a chumail san Eilean Sgitheanach faisg air deireadh na

Màirte. B' iad na prìomh luchd-labhairt feadhainn a bha rè nam bliadhnaichean mu dheireadh a' dèanamh rannsachaidh air staid na Gàidhlig, air a cultar agus air coimhearsnachdan Gàidhlig cho fada bho chèile ri Taobh Siar Rois agus Albainn Nuadh. 'S dòcha gu bheil rannsachadh ann fhèin a' faireachdainn tioram, mì-thaitneach agus trom. Ach b' e bun a bha ann gun tug an obair a tha raon farsaing de luchd-rannsachaidh air a bhith a' dèanamh gu buil trì làithean de èisdeachd, de chonaltradh agus de chòmhradh inntinneach, le co-dhùnaidhean gan dèanamh air an t-slighe mu dè a bu chòir a bhith ga rannsachadh san àm ri teachd.

Stèidhichte air obair rannsachaidh dèante às leth na Gàidhlig agus a cultair, gabhadh poileasaidhean do bhuidhnean a leithid a' Chomuinn an deilbh. Sònraichidh rannsachadh raointean iomagaine agus obair ri teachd. Foillsichidh e feuman choimhearsnachdan Gàidhlig, chan ann a-mhàin a-chum crìonadh cànan a stad ach a-chum feuman sòisealta agus airgid a shàsachadh agus iad ceangailte ri gleidheadh cànan làitheil na Gàidhlig. Thatar a' cumail Cho-labhairtean FASGNAG a h-uile dà bhliadhna. Am bliadhna chaidh aontachadh gun tugaist a-steach duilgheadasan agus freagairtean co-cheangailte ri mionchannan na h-Eòrpa, ach an gabhadh iad an cleachdadh an lùib na Gàidhlig. Is seasmhach am beachd gu sàbhailear ùine agus obair ma ghabhas ceistean am fuasgladh an àitean eile. Aig a' Cho-labhairt, rinneadh sgaradh inntinneach eadar feadhainn a bha fileanta ann an labhairt na Gàidhlig agus feadhainn aig an robh freumhan fileantachd ach aig an robh Gàidhlig a bha air a lagachadh seach gum fèmach iad Beurla a chleachdadh. B' e "leth-labhraichean" a bha sna daoine seo. 'S e facal inntinneach a tha seo, ach 's e facal a tha ann a tha a' toirt cunntais air luchd-ionnsachaidh (agus tha iad lionmhor an-diugh) nach eil nam fileantaich ach aig a bheil cur-a-steach ri bruidhinn na Gàidhlig a ghlèidheadh. Chan fheum e a-chum gluasad bho "lethlabhrachas" gu fileantachd ach cuideachadh bho fhileantaich gu an tàladh a-steach do choimhearsnachd labhairt na Gàidhlig.

### ROINN A TUATH

'S e adhbhar taingeachd a tha ann gu bheil uibhir de ghluasad ann an saoghal na Gàidhlig san Roinn, nar cànan agus nar dualchas. Tha Mòdan Ionadail gu bhith an Ros an Ear, an Ullapul, an Loch Aillse, sa' Ghearasdan, an Cataibh agus an Inbhir Nis, agus thatar ag innse gu bheil àireamh mhath fharpaisich air tighinn air adhart airson gach aoin dhiubh. Tha e math cuideachd gu bheil riochdairean bho gach ceàrnaidh gu cunbhalach a' tighinn gu coinneamhan na Roinne agus tha iad rim moladh airson an dilseachd. Tha sinn taingeil cuideachd airson na tha a' tachairt. Tha Meur ùr air tòiseachadh an Euroboll,

agus bha Neach-cathrach na Roinne aig a' chiad chruinneachadh air 14 den Chèitein. Chan eil an seo ach sùil bheag air na tha de dhaoine ann aig a bheil ùidh nar dualchas agus a tha deònach obair a dhèanamh gu saor-thoilich.

Air a' chòigeamh là deug den Chèitein chuireadh fàilte air a' bhall-beatha as òige sa' Chomuinn Ghàidhealach, agus 's esan Anndra Seumas Camshron a bha an uairsin sia seachdainean a dh'aois. Tha sinn a' cur

fàilte da rìribh air a' bhalach. 'S ann à Mealbhaich a tha e.

### ROINN A DEAS

Tha coinneamhan na Roinne air a bhith a' daingneachadh air measadh na choilean an Roinn rè nam bliadhnaichean. Chan e sùil chianail air ais a tha seo idir, ach oidhirp air sgrùdadh air dè ghabhas dèanamh san àm ri teachd. Tha faireachdainn ann gu bheil feum air atharrachadh ma sheasar ris an àm ri teachd le cinnt a-chum na dubhshlain a tha air thoiseach a choileanadh. Tha buill na comataidhe glè riarachta le mar a tha cùsean a' dol fa chomhair Mòd Nàiseanta Rìoghail Ardruigh. Fhuair eadh tabhartas £12,000 bho Chomhairle Sgìre Mhonklands, agus tha sin na chomharr eile air taic nan Ughdarras Ionadail don chànan. A thuilleadh air seo, thug iad dhuinn na tallachan an asgaidh agus taic le obair agus le seirbheisean.

An-dràsda, tha Subhachas Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig gu bhith air a chumail ann an Colaisde Choatbridge (15 Cèitein) mar phàirt de Sheachdain Ionnsachaidh nan Inbheach. Gheibh suas ri 200 luchd-ionnsachaidh Teisteanas SCOTVEC Modal 1. Nach iad a rinn math! Thatar a' cur fàilte mhòr air an dìoghras seo le luchd-ionnsachaidh, agus 's e deagh chomharr a tha ann don Ghàidhlig ann an ionad na Roinne.

## Roinn . . .

### AN COMUNN GAIDHEALACH PRISEAN

#### Leabhraichean

BARAGAB Bàrdachd agus rosg an Gàidhlig 's am Beurla le sean is òg)	£5.00
CARRAGH NA CUIMHNE (Bàrdachd le Coinneach MacDhòmhnaill)	£4.00
CAIDIL GU SEIMH (Tàlaidhean le A. NicShimidh agus A. Barr)	£4.00
GEARRA NA CRAOBH 'S AN CLADACH (Sgeulachdan agus Teip)	£5.95
I DAL U DAL (Orain obrach)	£5.00
MUIR IS TIR (Orain air an seinn le cloinn - leabhar agus teip)	£5.99
DAIN MHURCHaidh (Dàin le Murchadh MacPhàrlain)	£4.99
THE FIRST HUNDRED (Eachdraidh a' Chomuinn Ghàidhealach) (cruaidh)	£12.00

#### Teipean

Mòd Inbhirpheofharain (Fidhlearn, Clann, Còisirean, Bonn Or, Cèilidh)	£3.85
---	-------

#### Cuimhneachain

Taidh a' Chomuinn Ghàidhealach	£5.00
Taidh: Srath Chluaidh/An Comunn	£5.00
Taidh Bliadhna na Gàidhlig	£3.00
Bràisdean Bliadhna na Gàidhlig	£0.25

#### Teipean

Mòd and Obain 1992 (Fidhlearn, Clann, Còisirean, Bonn Or, Cèilidh)	£4.50
--	-------

## MEUR OBAR DHEADHAIN

Tha an Rùnaire, Noreen McDhòmhnaill, a' dèanamh iomraidh air bliadhna thrang eile ann am Meur Obar Dheadhain. B' e am prìomh ni Dannta is Dinnear Cuimhneachan 60 Bliadhna san t-Samhainn 1992 a bha air a fhrithealadh cha b' ann a-mhàin le buill agus le càirdean, ach le feadhainn eile a shiubhail fad' is farsaing a-chum compàirteachadh san tsubhachas. Leig an Neach-cathrach, a' Bh.Ph. Murgag NicDhòmhnaill, dhith a dreuchd an dèidh mu ochd bliadhna deug a' frithealadh na Meòire gu dileas. Bidh i fhèin agus a cèile Dòmhnall anise air falbh bho ghnòthaichean, ach bidh iad fhathast maille ruinn a rèir 's mar is urrainn dhaibh. Mòran taing, a Mhurgag, airson a bhith nad reul-iùil, gar treòrachadh tro uisgeachan a bha an dà chuid socair agus fiadhaich.

'S e Dòmhnall Moireach às an Eilean Sgitheanach, a bha gu seo na lar Neach-cathrach, an Neach-cathrach ur againn. Tha Dòmhnall ainmeil mar fhear a choisinn am Bonn Or agus chan eil e tric na thàmh. Tha sinn a' sùileachadh gum bi e a' stiùireadh "B.S. Meur Obar Dheadhain" gu tuilleadh soirbheachaidh san àm ri teachd. Tha a' Mheur a-nis aig port airson anail a ghabhail mus tòisichar ag ullachadh chèilidhean agus nithean eile fa chomhair an ath sheusain.

## MEUR DHUM-FREIS IS NA SGIRE

Chumadh a' Choinneamh Bhliadhna sa' Mhàrt a chaidh le cunntas gun robh a' bhallrachd air leudachadh agus gun robh na Cèilidhean tron bhliadhna air an deagh fhrithealadh. Ghabh Mr Tòmas MacCalum a' chathair bhon BhPh Mairead NicAnnraids a chaidh a mholadh airson mar a choilean i a dleasdanas gu mionaideach agus mar a stiùir i a' Mheur re na bliadhna a chaidh seachad.

Thog Fèill na Nollaige ann an Talla Loreburn airgead cudthromach. Shoirbhich leis an Fhèill seach gun tug feadhainn a-steach stuth airson a reic agus seach gun fhritheil feadhainn na stàilean. Bha seo na mheadhan air cosgaisean nan cèilidh a chumail sìos aig ìre chothromach. Thàinig teachd-a-steach math bho na crannchair-gill aig Anna NicDhòmhnaill agus thugadh taing dhi airson a dian obrach às leth na Meòire.

Chaidh Pìobaire Uilleam Geadais a mholadh, agus b' airidh e air, airson a thàice aig na cèilidhean, mar a chaidh Iain MacRath agus cairdean aige ann an saoghal nan cur-seachad a bha a' ciallachadh gun robh deagh sheinn is cluiche ann don luchd-èisdeachd.

Thaghadh a' BhPh Shearer, a tha air a bhith na taic don Chomunn agus don Mheur thar nam bliadhnaichean, mar lar Neach-Cathrach, gun neach seasamh na h-aghaidh. Tha 58 ball sa' Mheur an-dràsda, nas àirde na bha innte a-riamh. Chumadh seachd cèilidhean rè na bliadhna, a' cumail bratach na Gàidhlig ann an àite nach eile aithnichte gu ìre cho mòr mar choimhearsnachd Ghàidhlig.

## MEUR DHUN OMHAIN

Chumadh Coinneamh Bhliadhna na Meòire sa' Ghiblein a chaidh. Cha robh mòran an làthair, agus gu dearbha cha robh sin an co-chòrdadh ri bliadhna thrang agus shoirbheachail de choinneamhan agus de thachartasan sa' Mheur. 'S e Iain Saidler ar Neach-cathrach a-rithist, air a dheagh chuideachadh le luchd-dreuchd eile agus le buill na Comataidhe.

Bha meas mòr air na cèilidhean agus air na dannsan, le deagh luchd-cluiche, seinneadairean, fìdhlearan agus pìobairean agus iad uile a' còrdadh ris an luchd-èisdeachd.

Bha an trì fichead neach a fhritheil Suipear na Bàrdachd sa' Ghearran mothachail air an oidhirp a rinneadh ann a bhith ag ullachadh an tachartais seo. B' e an t-Urr Ruaraidh MacLeòid am prìomh neach-labhairt, le òraid mu mhinistearan a bhiodh ri bàrdachd. Ghabh Mòrag Law à Houston òrain a dheasaich na bàird sin. Tha dùil againn Ruaraidh a

thoirt air ais uair eile a-chum tuilleadh sheallaidhean a thoirt dhuinn air saoghal a' Ghàidheil.

Lorg a' Mheur còrr air leth-cheud neach fileanta sa' choimhearsnachd agus is dòcha gum faighear taic bhuapa le ar Bùth-oibre Gàidhlig. Tha a' cheart uibhir de ùidh sa' chlas seo fhathast, mar thoradh air dèiseachd ar triùir luchd-teagaisg, an t-Urr Dòmhnall Stiùbhart, Barbara Satchell agus Elma NicArtair. Ged tha an clas a' ruith sa' chumantas bhon Dàmhair chun na Màirte gach seachdain, tha sinn an dùil a chumail a' dol uair sa' mhios gum am mair daoine cleachdte ris.

Tha leudachadh air na prògraman telebhisein Speaking our Language ga dhèanamh ann an clasaichean a tha Elma a' gabhail ann an Sgoil Dhun Omhain. Tha Elma cuideachd a' teagasg Gàidhlig do chloinn fo aois sgoile gu neo-fhoirmeil na



dachaigh fhèin. Tha sinn fortanach gu bheil i ann.

'S fhada mus diochuimhnich sinn Aonghas MacTàbhais nach maireann, a chaochail san Ogmhios an uiridh. Ann an 1947 chaidh e na Fhear-cathrach, dh'ath-nuadhaich e Meur Dhun Omhain agus bha e na dheagh sheirbheiseach. Rè nam bliànaichean rinn Aonghas obair mhòr don Chomunn, agus mu dheireadh bha e na Ionmhasair fad trì bliadhna. Bha meas mòr air marthoradh air an obair chruaidh a rinn e don Ghàidhlig; air sgàth sin agus air sgàth a chàirdeis phearsanta bi Aonghas air ionndrainn gu mòr.

## MEUR MHANCHESTEIR

Chaochail ar Neach-Cathrach, Mgr U. J. Brigham, air 8 Samhainn 1992 an dèidh opairèisean mòr agus an dèidh dha a dhòl am mìosad. Bhuadaich a bhàs air uile bhuill na Meòire agus air feadhainn nach eil sa' Mheur.

Bha e na bhall dileas den Mheur, a' cur failte air feadhainn a thigeadh às ùr, a' dèanamh cinnteach gum bu toigh leotha a bhith am measg nam ball. Bha e air leth dioghrasach às leth a' Chomuinn, cànan na Gàidhlig agus a cultair. B' ann dha-riribh a bha Mgr Brigham. Bha Gàidhlig aig a sheanmhair, agus bhuaipse ghabh e ris a' Ghàidhlig gu nàdarach, a' leudachadh na Gàidhlig a dh'ionnsaich e bhuaipse le bhith a' frithealadh chlasaichean agus chùrsaichean deireadh-seachdaine. Tro thìde dh'fhàs e fileanta, cha b' ann a-mhàin ann an labhairt ach ann an sgrìobhadh na Gàidhlig. Bha stòr farsaing de ràdhan, de sheanfcaoil, de ghnàthasan-cainnte agus de sgeulachdan aige a bhiodh e aig innsè dhaibhsan a bha a' gabhail os làimh an cànan ionnsachadh.

Bha ùidh mhòr aige sa' bhreacan agus bha e na bhall de Chomann Bhreacain Alba. An dèidh na dhreuchd a leigil seachad, bha iarraidh mhòr air airson chomhraidhean agus òraidean. B' iomadh buidheann a fhuair maitheas bho na duaisean a fhuair e, sin cho fialaidh 's a bha e.

Bha e na Rùnaire air a' Mheur fad naoi bliadhna, agus choilean e a dhleasdanas gu dileas agus le fìor chomas. B' fheudar a bhruithadh gu a' chathair a ghabhail, agus san dreuchd sin cuideachd, choilean e a dhleasdanas mar teach-

daire don Ghàidhlig ann an coimhearsnachd Mhanchesteir. Ionndrainn e gu mòr leis a' Mheur uile mar charaid, mar chompanach càirdeil agus mar fhear-taice eudmhor don Ghàidhlig. Tha sinn a' Gur ar co-fhaireachdainn gu a bhantraich, Anna agus gu am mac, an t-Urr Cè Brigham. Cha dhiochuimhnich e.

## MEUR MHOIREIBH

Na h-oifigich:

Neach-cathrach	Harry Morgan
lar Neach-cathrach	Iain Keanadach
Neach-cathrach	Coinneach Sutharlach
Urramach	Alasdair MacAmhlaigh
Ionmhasair	Raonaid Hall
Rùnaire	Rhoda Nic na Ceàrdach

Tha cròileagan ann am Forrais agus an Eilginn, maille ri clasaichean Gàidhlig do inbhich. Tha cèilidhean air a bhith againn, agus bha cèilidh san t-seann nòs againn mar is àbhaist.

Chuir sinn air adhart cuirm-chiùil bhliadhna airson òigridh ann an Talla a' Bhaile ann am Forrais le òganaich à mòran sgoiltean agus buidheann òigridh a' gabhail pàirt, nam measg dà sheinneadair Gàidhlig. Bha an talla loma làn agus thogadh £308.29 do ionad anns a bheil clann chiorramach.

Air 12 Cèitean chuireadh air adhart, comhla ri Còisir Ghàidhlig Mhoireibh, cuirm-chiùil mhòr airson Tagradh Scanair Mhoireibh ann an Talla a' Bhaile an Eilginn. Tha sinne den bheachd gu bheil sin math airson Gàidhlig san fharsaingeachd.

Chaidh Fòram Gàidhlig a chumail ann an Acadamaidh Fhorrais bho chionn ghoirid, le Ailean MacLeòid bhon Roinn a Tuath agus Peadar Morgan bho, ChLl an làthair. Gu mìhortanach cha robh mòran sgoilearan ann, ach tha sinn an dòchas gum bi Fòram eile ann aig uair nas freagarraiche.

Co-dhiù 's e ar barail gum bu chòir sgrìobhadh gu bun-sgoiltean san sgìre, agus tha sinn den bheachd gum biodh e gu math freagarach neach-teagaisg a lorg a-chum dol mun cuairt nan sgoiltean airson 's dòcha dà uair san t-seachdain, mar tha a' tachairt ann an Dùthaich MhicAoidh.

## MEUR SHRUIGHLEA

An dèidh bliadhna shoirbheachail ann an 1992-1993, tha a' Mheur mar tha a' coimhead air thoiseach gu cèilidhean agus nithean eile ann an 1993-1994. Tha cinn-latha air an suidheachadh do bhuill agus do chàirdean mu thimcheall Shruighlea agus is iad (airson 1993): 18 Sultain, 9 Dàmhair, 20 Samhainn, (airson 1994): 15 Faoilleach, 12 Gearran, agus 12 Màrt.

Bha a h-uile duine duilich na seirbheisean aig Mgr Dòmhnall Moireach a bha na phìobaire oifigeil aig a' Mheur fad iomadh bliadhna a chall. Chluich e iomadh uair, a' toirt tlachd do na h-uile le a dheagh cheòl.

Aig Coinneamh Bhliadhna na Meòire, a chumadh sa' Mhàrt, bha aonta ann gum bu chòir barrachd fiosrachaidh a bhith ga chumail ri meuran mu leasachaidhean a bha a' tachairt sa' Chomunn. Bha an neach-cathrach, Aonghas Mac a' Phi den bheachd gum bu chòir barrachd ceangail a bhith aig meuran ri oifigearan a' Chomuinn.

Nota bhon Neach-deasachaidh: Thatar mothachail air a' phuuing aig Aonghas Mac a' Phi. Gidheadh, a' gabhail a-steach l'ionmhorachd meuran a' Chomuinn agus cho beag de luchd-obrach agus de oifigich 's a tha ann, tha e tric doirbh ceangal cothromach a chumail le làthaireachd. Tha an Aithris, a thatar a' deasachadh dà uair sa' bhliadhna, a' dèanamh na huibhir a-chum fiosrachaidh a chumail ri meuran agus gu bheil mu dè tha a' tachairt an lùib na Gdidhlig. Ach an deidh sin, thatar an duil suil gheur a thoirt air ciamar a bheirear piseach air ceangalaichean ri na meuran. Ma tha beachdan aig meur sam bith, cuiribh iad gu Oifis Steòrnabhaigh (91 Sràid Chrombail).

# Aithris



An  
Comunn  
Gaidhealach

NEWS FROM MEMBERS, BRANCHES AND REGIONS  
ISSUE NO. 8  
SUMMER 1993



*Royal National Mod Oban 1992  
Committee.*

## President's Message

